



AN COMUNN GÀIDHEALACH ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

LÙNASTAL 2020 / AUGUST 2020

TEACHDAIREACHD BHO ALISDAIR BARNETT

Uill, cha dhìochuimhnich sinn Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2020, ach co dhiù, feumar cuimhneachadh gur e slàinte agus sàbhailteachd na farpaisich agus luchd-tadhail a' Mhòid an rud as cudthromaiche. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Chomunn Gàidhealach airson a thighinn chun a cho-dhùnadh cho sgiobalta, tachartas na bliadhna seo a chur dheth chun na h-ath bhliadhna agus na earrainnean ainmichte a thoirt a-null gu 2021 cuideachd. Ged a tha an tachartas air a chur dheth chun Dàmhair 2021, 's urrainnear fhathast taic a thoirt dhuinn le bhith a' ceannachd bathar a' Mhòid bho www.klasklothing.co.uk agus gu 'Group Club Shops' agus chì sibh measgachadh de rudan aig 'Mòd Inbhir Nis 2020', mar aodach, cupan, pinn is eile.

Bu mhath leam taing mhòr a thoirt dhan Chomataidh Ionadail againn, a tha air a bhith ag obair cho cruaidh airson airgead a thogail agus tha mòran agaibh fhèin air taic a thoirt dhuinn cuideachd. Bha sinn fortannach gun d' fhuair sinn air Ceilidh a chumail le New Tradition, dìreach mus do thòisich lockdown. Tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri 2021 agus taing mhòr dhan luchd-taic againn, An Comunn Gàidhealach, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Maoin Math Coitcheann Inbhir Nis, Caledonian MacBrayne agus gach buidhean agus neach eile a tha air taic a thoirt dhuinn. Tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur oirbh chun Ghàidhealtachd. Bhiodh sinn fada na bh'ur comainn nan toireadh sibh taic dha na tachartasan a bhios againn suas chun Dàmhair 2021 gu deànadh cinnteach gum bidh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 cho soirbheachail 's a ghabhas. Cumaibh sàbhailte agus fallain!

Le dùrachd,
Alisdair Barnett
Stiùiriche A' Chomuinn Ghàidhealaich &
Neach-gairm Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2021

MESSAGE FROM ALISDAIR BARNETT

Well, Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2020 will go down in history for sure, however we must put everything in perspective and remember that the health and safety of participants and attendees was and is paramount. I thank An Comunn Gàidhealach for the prompt decision to postpone and also to carry over the prescribed pieces to 2021. Whilst the event is postponed until October 2021 you can still support us by purchasing unique branded 2020 merchandise from www.klasklothing.co.uk and go to 'Group Club Shops' where you will find a wide variety of clothing at 'Mòd Inbhir Nis 2020'. We also have branded mugs, notebooks and pens which will surely become collector's items one day.

I must thank my hard working Committee who had been very active in fundraising and also so many of you who supported our efforts. We were lucky enough to squeeze in the 'New Tradition Ceilidh' just before lockdown. However we now focus on 2021 and thanks to An Comunn Gàidhealach, Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, Inverness Common Good Fund, Caledonian MacBrayne and all of our supporters. We look forward with enthusiasm to welcoming you all to the Highland Capital. I would encourage members to participate where possible in our activities leading up to October 2021 to help ensure that Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2021 is a resounding success and memorable for the right reasons. Stay safe and well!!

Kindest Regards
Alisdair Barnett
Director of An Comunn Gàidhealach &
Mòd Inbhir Nis 2021 Convener



#cleachdi
aigantaigh

AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE

Tha còrr is seachdain ann a-nis bho dhùn an siostam-clàraidh againn airson am Mòd Air-loidhne agus tha sinn air a bhith trang ag obair air na tagraidhean agaibh. Tha sinn cho toilichte leis an àireamh de chlàraidhean a fhuair sinn a-steach!

Tha clàraidhean againn bho air feadh an t-saoghal, airson roinnean òigridh agus inbhich. Tha feadhainn air a thighinn a-steach bho air feadh Alba, Sasainn, a' Chuimrigh, Ameiriga agus Canada.

Thèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne 2020 a chumail eadar an 9mh agus an 17mh den Dàmhair agus bidh sinn a' toirt thugaibh na tachartasan gu lèir tro na meadhanan sòisealta againn.

Mar phàirt de sheachdain a' Mhòid air loidhne, bidh sinn a' toirt thugaibh grunn thachartasan eile gach latha. Bidh seo a' gabhail a-steach cuirmean ciùil, tachartasan do chloinne, òraidean agus mòran eile - bidh rudeigin ann dhan a h-uile duine. 'S e an rud is fheàrr mu dheidhinn, leis gum bidh iad uile air an craoladh tro na meadhanan sòisealta, cha chaill sibh a-mach air càil agus 's urrainn dhuibh a h-uile càil a choimhead barrachd air aon uair ma tha sibh ag iarraidh!

'S e Mòd eadar-dhealaichte a bhios ann, gun teagamh, ach tha sinn an dòchas seachdain shònraichte a thoirt thugaibh, gus ar cànan is cultar a thaisbeanadh ann an dòigh beagan eadar-dhealaichte. Feuch gun tig sibh còmhla rinn!

Taing mhòr dhan a h-uile duine a tha a' gabhail pàirt anns a' Mhòd Air-loidhne 2020, tha fadachd oirnn gus am faic sibh na taisbeanaidhean!



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

THE VIRTUAL ROYAL NATIONAL MOD

There is just over a week now since entries for the Virtual Mod closed and we have been busy this week processing all the submissions. Thanks to everyone who has registered, the performances are fantastic!

We have received videos from all over the world, for both junior and senior categories, from all over Scotland, England, Wales, America and Canada.

The Virtual Royal National Mod 2020 will take place between the 9th and 17th of October and all the events throughout the week will be brought to you via our social media channels.

As well as the performances we will be showcasing during the course of the week, we will also be bringing you a programme of other events each day, from concerts to events for children, lectures and much, much more - there will be something for everyone.. The best thing about it is that because it will all be streamed via our social media channels, you will not have to miss anything and you can watch the events more than once if you wish!

This will be a different Mod to what we are used to, however we hope to bring you a fantastic week of events to showcase our Gaelic language and culture. Be sure to join us!

Many thanks to all who will be taking part in the Virtual Mod, we cannot wait to showcase all the performances!



TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Tha sinn toilichte innse dhuibh gun tèid Taigh Cèilidh a' Mhòid a chumail an t-seachdain seo, air Diardaoin 3 Sultain aig 8.30f.

Air a mhìos seo, bidh sinn a' toirt thugaibh taghadh de dh' òrain bho na Còisirean Gàidhlig thar nam bliadhnaichean, le beagan còmhradh eatorra!

Bidh John Joe MacNèill againn mar Fhear an Taigh.

Feuch gun tig sibh còmhla rinn!


Duilleag Facebook a' Mhòid

We are pleased to tell you we will be bringing you the next Taigh Cèilidh event of the series this Thursday, 3 September, at 8.30pm.

This month, we will be bringing you a selection of choral performances from over the years, with a little bit of craic in between!

John Joe MacNeil will be MC for the evening.

Be sure to tune in live to the **Royal National Mod Facebook page** on Thursday!



3 Sultain / September



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

#cleachdi
aigantaigh



Taigh Cèilidh a' Mhòid

Taisbeanadh nan Còisirean Gàidhlig
Gaelic Choirs Showcase

Fear an taighe:
John Joe MacNèill

Diardaoin 3 Sultain @ 8.30f
Thursday 3 September @ 8.30pm



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

NA MEADHANAN SÒISEALTA

Tha e duilich a chreidsinn cho fada 's a tha e bho thòisich lockdown, agus gu bheil tòrr againn fhathast ag obair bhon taigh. Tha sinn fortannach gu bheil an cothrom sin ann.

Tha e cho inntinnteach agus cho misneachail faicinn na tha daoine, gnìomhachasan agus buidhnean eadar-dhealaichte air a bhith a' dèanamh thairis air na mìosan seo, gu cumail a' dol leis an obair aca no airson obair ùr a chruthachadh dhaibh fhèin.

Tha na buidhnean Gàidhlig fhèin air iomadach seòrsa de thachartas agus seirbheis a thoirt seachad tro lockdown.

Tha sinne aig a' Chomuinn air a bhith trang ag ullachadh airson am Mòd Air-loidhne, le bhith a' toirt thugaibh Taigh Cèilidh a' Mhòid gach mìos, Cuairt-litir a' Chomuinn agus pròiseactan eile tha sinn an dòchas a thoirt thugaibh thairis air na mìosan a tha romhainn.

Chan eil e air a bhith furast ach aig an aon àm tha e air a bhith gu math inntinneach agus brosnachail a bhith ag obair ann an dòighean ùr agus air pròiseactan a tha gu math eadar-dhealaichte. Tha cothroman ùr air nochdadh às agus ann an dòigh, tha e nas fhasa a bhith a' dèanamh ceangal le daoine, gu h-àraidh le feadhainn a tha a' fuireach thall-thairis.

Tha sinn airson taing mhòr a thoirt dhan a h-uile buidhean agus dha gach neach a tha air taic a thoirt dhuinn thairis air na mìosan a chaidh seachad - tapadh leibh.

SOCIAL MEDIA

It is hard to believe how many months have passed since the start of lockdown and that many of us are still working from home. Indeed, for those of us that can, we are fortunate to have had the opportunity to do so.

It has been rather interesting and inspiring to witness the way individuals, companies and organisations have worked through these past few months, to keep doing what they do or to create new ways of working for themselves.

The Gaelic organisations have been very creative in providing various events and services throughout lockdown.

We at An Comunn have been extremely busy preparing for the Virtual Mod, in creating the Taigh Cèilidh series each month, producing our monthly newsletter and working on several other projects which we hope to bring you in the coming months.

It has not been easy, however it has been an interesting and encouraging time, to be working in new ways, creating new projects which we possibly would never have done previously. New opportunities have arisen and, in some ways,, it has been easier to connect with and stay connected to people, particularly those overseas.

We at An Comunn Gàidhealach would like to thank all the individuals and sponsors who have supported our work over the last few months - thank you.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

MÒD AIR-LOIDHNE

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh am Mòd Air-loidhne, cuiribh fios thugainn tron duilleag Facebook againn, cuiribh post-d gu info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

JUSTGIVING

If you have any questions about the Virtual Mod, send us a private message via our Facebook page, email info@ancomunn.co.uk or call us on 01463 709 705.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

VIRTUAL MOD

If you have any questions about the Virtual Mod, send us a private message via our Facebook page, email info@ancomunn.co.uk or call us on 01463 709 705.

JUSTGIVING

If you have any questions about the Virtual Mod, send us a private message via our Facebook page, email info@ancomunn.co.uk or call us on 01463 709 705.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach



BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)

£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)

£5 (students)

DUAISEAN A' MHÒID

Air sgàth's suidheachadh COVID-19, tha sinn ag iarraidh air neach buannachaidh Mòd 2019 na duaisean aca a chumail an dràsta agus cuiridh sinn fios thugaibh nuair a bhios e comasach dhuinn an gabhail air ais.

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh post-d gu seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn air 01463 709 705.

MOD TROPHIES

Due to the ongoing situation with the COVID-19 pandemic, we ask that all Mòd 2019 trophy winners hold on to their trophies for the time being and we will contact you to arrange their return.

For further information please email seonag@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705.

MÒDAN RI TEACHD / FUTURE ROYAL NATIONAL MOD DATES

INBHIR NIS / INVERNESS - 8-16 DÀMHAIR 2021

PEAIRT / PERTH - 14-22 DÀMHAIR 2022

PÀISLIG / PAISLEY - 13-21 DÀMHAIR 2023

AN T-ÒBAN / OBAN - 2024 (CINN-LATHA RI DHEARBHADH)



BÀRD A' CHOMUINN SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire. 'B e tlachd agus urram sònraichte a bh'ann dhòmhsa, air a mhìos-sa, còmhradh tarraingeach agus farsaing fhaighinn le Meg Bateman air bàrdachd agus cuspairean co-cheangailte rithe.

Tha an t-Ollamh Meg Bateman air aithne a chosnadh am measg nam bàrd Gàidhlig as fheàrr a th'againn sna làithean an-diugh. Tha i air ceithir cruinneachaidhean bàrdachd a sgrìobhadh agus fhoillseachadh thar nam bliadhnaichean; agus air cruinneachaidhean bàrdachd eachdraidheil eadartheangachadh agus a cho-dheasachadh. Tha i ag obair an dràsta mar òraidiche aig Sabhal Mòr Ostaig, as dèidh dhith a bhith air teagasg aig h-oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Chill Rìmhinn.

Aig ìre phearsanta dhomh fhìn, tha mi fada an comain do Meg airson an uiread de thaic a fhuair mi bhuaipe le mo chuid oidhirpean bàrdachd, gu h-àiridh leis a' chiad cruinneachadh agam, 'Crotal Ruadh - Red Lichen', o chionn beagan bhliadhnaichean.

Mar sin thug e toileachas mòr dhòmhsa nuair a dh'aontaich Meg còmhradh fhaighinn le chèile air bàrdachd, a rachadh craoladh air loidhne leis an dà bhuidhean An Comunn Gàidhealach agus Comhairle nan Leabhraichean. Gheibh sibh an clàradh, a nochd air 18mh Lùnastal, aig a' cheangal seo: <https://www.youtube.com/watch?v=VjDiuoJX4ok&feature=youtu.be> Tha mi an dòchas gun còrd e ribh.

Bhruidhinn sinn air a' phròiseas-sgrìobhaidh againn, agus dè na cuspairean no seòrsa eòlais a bheir piobrachadh no togail-inntinn dhuinn gu bhith ri bàrdachd. Mheòraich sinn air cruthan bàrdachd, air roghainnean rannachaidh agus ruitheam, agus dè cho cudromach sa tha fuaim agus ceòlmhorachd na bàrdachd; agus air bàrdachd 'phearsanta' is 'phoblach'. Bhruidhinn sinn cuideachd air pìosan bàrdachd a thagh sinn, tè airson an tè eile, às na cruinneachaidhean againn; dè am buaidh oirnn agus ar faireachdainn mun deidhinn agus ciamar a mhinicheas sinn dàin a sgrìobh bàird eile, agus aig a bheil brìgh mhi-shoilleir, no 's dòcha ioma-thaobhach.

Mo thaing chridheil do Meg airson an cothrom sònraichte seo a thoirt dhuinn uile. B'è sin a' chiad thachartas ann an sreath chòmhradhean, eadar mi fhìn agus bàird is luchd-litreachais eile, a thèid craoladh sna mìosan tha romhainn. Bidh an dàrna prògram a' dol a-mach air Diciadain 14 Dàmhair agus an treas fhear air Dihaoine 20 Samhain. Gheibh sibh barrachd fios air làrach-lìn A' Chomuinn Ghàidhealaich agus Comhairle nan Leabhraichean, agus air an làrach-lìn agam fhìn.

Agus seo dhuibh dealbh bòidheach eile à Uibhist a Deas, a thog mi o chionn cola-deug.

Beannachdan cridheil.
Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fiosrachadh air an làrach-lìn agam: <https://sandynicdholmhnailjones.com/>



#cleachdi
aigantaigh 🏠

BÀRD A' CHOMUINN SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends. It was a particular pleasure and honour for me this month to have a fascinating and wide-ranging conversation with Meg Bateman on poetry and related subjects.

Professor Meg Bateman is recognised as one of the finest Gaelic poets writing today. She has written and published four collections of poetry over the years; and has translated and co-edited collections of historical Gaelic poetry. She now works as a Lecturer at Sabhal Mòr Ostaig, having previously taught at the Universities of Aberdeen, Edinburgh and St Andrew's.

On a more personal level for me, I owe Meg a great debt of gratitude for the great support she has offered me over the years with my own poetic endeavours, particularly with my first collection, 'Crotal Ruadh - Red Lichen', a few years ago.

I was therefore delighted when Meg agreed to share a conversation with me about poetry that would be broadcast online by the two sponsor organisations of the bardship, An Comunn Gàidhealach and the Gaelic Books Council. You will find the recording at the following link: <https://www.youtube.com/watch?v=VjDiuoJX4ok&feature=youtu.be> I do hope you enjoy it.

Meg and I spoke about our writing processes, and the kinds of subjects and experiences that prompt or inspire us to write poetry. We reflected on poetic forms, on what underlies choices about rhythm and rhyme schemes, and on the importance of sound and musicality in poetry; and on 'personal' versus 'public' poetry. We also discussed particular poems, which we had each selected from the other's collections; how they affected us, and the feelings they created in us; and the way in which we understand, or read things into, another writer's poems, when their meaning is unclear, or open to a variety of possible interpretations.

My warmest thanks to Meg for offering us this special opportunity. This was the first in a series of broadcast conversations with other poets and literary figures, in which I will be involved in the months ahead. The second programme will be held on Wednesday 14 October, and the third on Friday 20 November.

There will be more news about them on the websites of An Comunn Gàidhealach and The Gaelic Books Council; and on my own website.

Here is another image from lovely South Uist, taken a fortnight ago.

Warm good wishes as ever.
Sandy

There is more information available on my website:
<https://sandynicdhomhnailjones.com/>



#cleachdi
aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Chaidh tachartas a chlàradh bho chionn ghoirid,
le dithis bhàird a' bruidhinn mun sgrìobhadh ùr
aca, ann an co-bhann ri Comhairle nan
Leabhraichean agus An Comunn Gàidhealach.
An dòchas gun còrd e ribh!

Click here to view Gaelic poets Sandy
NicDhòmhnail Jones and Meg Bateman in
conversation about their work, recorded last
week. Enjoy!

<https://youtu.be/VjDiuoJX4ok>



#cleachdi
aigantaigh🏠



Mapadh

Tha mapaichean air an dèanamh le luchd-tarraing mhapaichean airson daoine a stiùireadh.

Faigh a-mach mu dhìofar sheòrsaichean mapa agus mar a chleachdas tu co-chomharran airson àite no rud a lorg air map.

www.gaelic.education/bun-sgoil#mapadh

Faclan Feumail

Faireachaidhean

teaghlach	teaghlach	teaghlach	teaghlach
teaghlach	teaghlach	teaghlach	teaghlach
teaghlach	teaghlach	teaghlach	teaghlach
teaghlach	teaghlach	teaghlach	teaghlach

FACLAN FEUMAIL GOIREAS TAIC LITREACHAS

Goireas airson taic a thoirt do chlann le leughadh, sgrìobhadh agus litreachadh. Leis an fhaclair shìmplidh seo thèid briathrachas sgoilearan P1-4 a leudachadh agus thèid bun-sgilean a leasachadh nuair a tha iad ag ionnsachadh aig an taigh.

Tha dealbhan tarraingeach a' sealltainn ciall gach facail agus tha liostaichean ann cuideachd le gnìomhairean, facail calg-dhìreach an aghaidh a chèile, dathan, lathaichean agus àireamhan gu 20.

<https://gaelic.education/bun-sgoil#faclan-feumail>

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

<https://www.facebook.com/storlann/>



Làmh Aodann Àrainneachd

Tha sinn deiseil airson fàilte a chur air oileanaich, air an làraich, le astarachadh sòisealta.

Gheibh gach oileanach pasgan fàilteachaidh le còmhach aodainn Sabhal Mòr Ostaig, clobhdan ana-bhaictiridheach agus botail stuth-slàinteachaidh làimhe an aghaidh lobhagan.

Hands Face Space

We are ready to welcome students back on campus with social distancing.

Every student will receive a welcome pack with a Sabhal Mòr Ostaig branded face-mask, anti-bacterial wipes and a bottle of hand-sanitiser.




Tha cothrom agad fhathast iarrtas a chur a-steach airson cùrsaichean air an làraich, agus air astar, a' tòiseachadh san t-Sultain!

Cùrsaichean Fo-cheum / Undergraduate (Cert HE/BA(hons)/Dip HE): <http://bit.ly/CùrsaicheanFoCheum>
Cùrsaichean For-cheum / Postgraduate (Masters/PhD/PDGE): <http://bit.ly/CùrsaicheanForCheum>
Preantasachd Tòiseachaidh / Foundation Apprenticeships: <http://bit.ly/Preantasachdan>

It's not too late to apply to study on campus or through distance learning for September 2020!





Ceòl nam Fèis, Digital Edition

Available now to download from **iBooks**

A collection of songs and tunes from the Scottish Gaelic tradition edited by Valerie Bryan, complete with selectable sounds files of each song or tune, Gaelic and English titles, translations of Gaelic lyrics and bagpipe settings of some of the tunes. The sound files feature some of Scotland's finest musicians and Gaelic singers including Dougie Pincock, Iain MacFarlane, Ingrid Henderson, Mairead Green, Mary Ann Kennedy, Rachel Walker and Robert Robertson.

Book two, coming soon...



Tha Ceòl nam Fèis a-nise ri fhaighinn mar leabhar didseatach a ghabhadh a luchdadh a-nuas bho iBooks.

Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Ceòl nam Fèis is now available as a digital download. Enhanced with sound files for tunes, lyrics and titles in both Gaelic and English.

<https://apple.co/3aDrAwZ>

Tha sinn a' cumail romhainn leis na h-òrain airson Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba a chomharrachadh.

Have you checked out our expanding collection of Gaelic songs to mark the 2020 Year of Coasts and Waters brought to you with assistance from the Scottish Government?

We're now over halfway through with 34 songs, complete with new recordings of each one, links to archive recordings, the words, history, background information on the area from where the songs originate and a link to the Fèisean in those areas.

A fascinating resource and an opportunity to learn some of those songs while the majority of us are at home.

<https://bit.ly/BCU34-2020>



Gheibhear fiosrachadh agus chluinnear dàraidhean aig feisean.org/fuaran
 Dealbh le Cailean MacIleathain | Image by Cailean Maclean

#cleachdi aigantaigh

TABHARTASAN FOGHLAIM GÀIDHLIG


Tha tabhartasan foghlam fhathast fosgailte gu 4mh Sultain 2020. Seo an sgeul aig Lorna Latimer;

"S mise Lorna Latimer agus rinn mi an cùrsa PGDE ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Thagh mise FTMG oir chaidh mi fhèin tro FTMG sa bhun-sgoil agus fhuair mi iomadh buannachd às. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil e glè chudromach Gàidhlig a bhrosnachadh agus dh'fhairich mi le bhith a' dèanamh a' chùrsa seo gum b' urrainn dhomh càch a chuideachadh Gàidhlig ionnsachadh san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile.

Tha an tabhartas a fhuair mi o Bhòrd na Gàidhlig air cothrom a thoirt dhomh cur a-steach airson cùrsaichean eile ceangailte dhan Ghàidhlig agus cosgaisean acadaimeagach a choinneachadh.

Bhithinn a' toirt brosnachadh do dhuine sam bith le ùidh ann an teagasg a chur a-steach a chionn 's gun do chòrd an cùrsa agamsa rium gu mòr."

Gheibhear an ceangal [an seo](#).



#cleachdi
aigantaigh

EDUCATION GRANTS FUND

The Education Grants Fund is still open until the 4th of September. Here's Lorna Latimer's story;

"My name is Lorna Latimer and I am currently doing a PGDE course in Gaelic Medium Education. I chose GME as I myself went through GME in Primary school and have found that I have gained many benefits from this. I think it is very important to encourage Gaelic and felt by doing this course, I can help others learn Gaelic both in school and out of school.

The grant I received from Bòrd na Gàidhlig has provided the opportunity to apply for further courses related to Gaelic as well as fund academic expenses.

I would encourage anyone who is interested in teaching to apply as I thoroughly enjoyed my course."

Find the link [here](#).





IONAD
THRÒNDAIRNIS
THE TROTTERNISH
CENTRE

Oifigear Pròiseict Project Officer

Dreuchd Làn-ùine | Tuarastal £30k | Cùmhnant 24 mìosan

Le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, tha Ionad Thròndairnis a' sireadh Oifigear Pròiseict airson prìomh amas na buidhne a thoirt air adhart agus ath cheumannan a ghabhail gu ruige ionad cultarach, coimhearsnachd a stèidheachadh ann an sgìre Fhlòdaigearraidh tuairisgeul obrach agus foirm-iarrtais www.trotternish.org/jobopportunity for job description and application form
Ceann-latha airson tagraidhean
Dihaoine 18mh Sultain



#cleachdi
aigantaigh 

COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Tha Comhairle nan Leabhraichean air geàrr-liostaichean nan Duaisean Litreachais 2020 fhoillseachadh.




Tha duaisean rim faighinn ann an sia roinnean, eadar leabhraichean a chaidh fhoillseachadh bho 1 Cèitean 2019 gu 30 Giblean 2020, agus làmh-sgrìobhainnean nach eil fhathast ann an clò.

Thèid na duaisean a thoirt seachad Diardaoin 17 Sultain 2020, ann an tachartas bhidio a thèid a chraoladh air YouTube, Facebook agus Twitter.



**Duais Chomann
Gàidhealach Lunnainn
Geàrr-liosta 2020**







**Duais Dhòmhnail
Meek
Geàrr-liosta 2020**







**Làmh-sgrìobhainn
as Fheàrr do Chloinn/
Òigridh Geàrr-liosta 2020**



Ailig agus an Dalek Gàidhlig
le Shelagh Chaimbeul

Cèic airson Màiri
le Uilleam Moireach

Donaidh Dathach
le Gwen Bowie

S toigh leam slug salach
le Ceitidh Hutton

GAELIC BOOKS COUNCIL

The Gaelic Books Council has announced the shortlists for the Gaelic Literature Awards 2020.

Prizes are to be awarded in six categories, including titles published between 1 May 2019 and 30 April 2020, and for unpublished manuscripts.


The prizes will be awarded on Thursday 17 September 2020 in an online event to be broadcast on YouTube, Facebook and Twitter.



**Duais Ruaraidh
MhicThòmais
Geàrr-liosta 2020**








**Leabhar as Fheàrr
do Chloinn/Òigridh
2020 Geàrr-liosta**










**Làmh-sgrìobhainn
as Fheàrr do dh'Inbich
Geàrr-liosta 2020**




Annas a' Chiaradh
le Rody Gorman

cruthan
le Nathaniel Harrington

Àm nan Aisling Àraid
le Robbie MacLeòid

Linne Dhomhain
le Alistair Paul





Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

**Airson a h-uile leabhar
Gàidhlig a tha a dhìth oirbh**

*For all your Gaelic
book requirements*









www.gaelicbooks.org

**#cleachdi
aigantaigh** 

ACAIR

Tha Acair air mòran leabhraichean Gàidhlig, Beurla agus dà-chànanach fhoillseachadh. Le measgachadh dhe na leabhraichean as motha air a bheil fèill ri fhaighinn - bho sgeulachdan Ròsaidh Rabaid gu sgrìobhaidhean Shomhairle Mhic Ghill-eain agus Iain Mhic a' Ghobhainn - tha rudeigin againn do gach neach!

Acair publish a wide range of Gaelic, English and bilingual books. Our titles are all on show on our website so dip in and have a browse. From the adventures of kids favourites Rosie Rabbit and Mr Bear to the learned prose and soaring poems of Sorley Maclean and Iain Crichton Smith, there is something for everyone.



Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair?
Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!
<https://bit.ly/32JDr7a>

Why not have a look at Acair's audiobook selection?
Most of them are free:
<https://bit.ly/32JDr7a>

#cleachdi
aigantaigh



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Tha sinn gar n-ionndrainn! Ged nach eil seiseanan Leugh & Seinn as ùr air Youtube, tha cothrom ann sùil a thoirt air ais air cuid de na seiseanan a bh' againn thairis air na seachdainean agus na mìosan a dh'fhalbh. Nach toir sibh sùil [an seo](#) son Playlist Leugh & Seinn le Linda

We are missing you all! Despite not having any new Leugh & Seinn sessions for you, please remember you can still view our past sessions for 0-5 years & Clas 1-3 on the Leugh & Seinn playlist on Youtube Please click [here](#).



#cleachdi
aigantaigh🏠



Bha deagh thuras againn còmhla ri Uist Sea Tours bho chionn ghoirid agus bha sinn fortanach gu faca sinn leumadairean.

We enjoyed a boat trip with Uist Sea Tours recently and we were lucky to see some dolphins on our trip.

You'll see some footage of them [here](#).

#cleachdiaigantaigh



CNAG NA H-EILEANAN AN IAR



#cleachdi
aigantaigh🏠





An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuairbh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuairbh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!



#cleachdi
aigantaigh 

Coròna-bhìoras



Cuir casg air!



Nigh do làmh
tric le siabann



Fuirich 2m bho
dhaoin eile



Cuir ort masg ma
tha cnatan no
casadaich ort



Cuir nèapraigear pàipeir
mud bheul nuair a tha
thu a' dèanamh casad no
sreothart



Cuir fios chun an
dotair mura fàs
thu nas fheàrr

#cleachdi
aigantaigh🏠

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

